

BL003-(G)-Sithmhearaidh

IM: Iain Mac a' Phearsain

HN: Heather Nic an Deòir

IM: ...Tha naidheachd eile dìreach a thug nam chuimhne a' sin agus 's e tiolam air [timcheall air] Baile na h-Eirich, Baile Tharbhach a their sinne ris ann an Ìle.

HN: O 's e.

IM: Agus bha gobha ann, ann am Baile Tharbhach agus bha an gobha aona mhaidinn samhraidh, bha e a-mach doirbh tràth sa mhaidinn agus o chionn gun robh mòran obair aige ri dhèanadh an latha sin. Agus bha e dìreach a-staigh sa cheàrdaich agus bha a' ghealbhan air saod aige agus bha e ag obair leis a' bholg is a h-uile mìr agus a' teasachadh gad iarainn. Agus cò thàinig a-staigh ach sìthmhearach beag agus bha i a' dannsa' mun cheàrdaich agus thuirt e rith[ch]e “Dè do gnothach a' seo a ghalad?” thuirt esan. “Uill, tha naidheachd agam” thuirt a' sìthmhearach “agus chan eil mi a' dol ag innse dhuit.” Agus co-dhiù, fhuair an gobha, fhuair e an t-iarainn agus bha e geal teth agus chum e eadar an doras[t] agus a' sìthmhearach agus thuirt e rith[ch]e, “Uill a-mach às a' seo chan fhaigh thu gus an innse thu dhomh do naidheachd.” “Uill,” thuirt ise “tha sin a'am naidheachd” thuirt ise, agus thuirt ise:

“Cho fad 's a bhios uisge a' ruith[ch]
Is feur a' fàs
Is a' ghrian a' sreap ri speuran
Ri àrd an làn
Is na h-eòin san adhar
Bitheadh Mac a' Ghobhainn an Easginnis”

Is bha sin gu math. “Och falbh is gabh a-mach a' seo” thuirt an gobha, tha mi tuilleadh is trang a bhith ag èisteachd ri cle-mhana mar shin. Co-dhiù, bha sin gu math. An ceann dà bhliadhna, thàinig duine à dh' Easginnis agus 's e Mac a' Ghobhainn a bh' air agus cha robh an duine fiadhaich fada anns an àite mun shiubhail e. Agus cha robh e ach an dèidh siubhail thàinig, 's e anns a' gheamhradh a bh' ann, thàinig sneachd mòr agus bha h-uile h-àite, chan fhaigheadh iad a-mach air na rathaidean mòr no stuth no airs[h]on dol don chladh no stuth agus b' fheudar dhaibh an duine a thiodhlacadh ann an Easginnis.

HN: Agus 's e sin carson...

IM: Agus tha e ann an Easginnis fhathast, tha Mac a' Ghobhainn an Easginnis.